



Teisteanais  
Nàiseanta  
EISIMPLEIR A-MHÀIN

**S875/75/11**

**Nuadh-eòlas**

Deit — Neo-iomchaidh

Ùine — 2 uair agus 40 mionaid

**Comharran gu lèir — 80**

**ROINN 1 — DEAMOCRASaidh ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharra**  
Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A AGUS Ceist 7 **NO** Pàirt B AGUS Ceist 7

|         |   |                  |
|---------|---|------------------|
| Pàirt A | Deamocrasaidh ann an Alba                 | Duilleagan 02–03 |
| Pàirt B | Deamocrasaidh anns an Rìoghachd Aonaichte | Duilleagan 04–05 |
| Ceist 7 |   | Duilleagan 06–07 |

**ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharra**

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C AGUS Ceist 14 **NO** Pàirt D AGUS Ceist 14

|          |                              |                  |
|----------|------------------------------|------------------|
| Pàirt C  | Cion cho-ionannas Shòisealta | Duilleag 08      |
| Pàirt D  | Eucoir agus an Lagh          | Duilleag 09      |
| Ceist 14 |                              | Duilleagan 10–11 |

**ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharra**

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E AGUS Ceist 21 **NO** Pàirt F AGUS Ceist 21

|          |                          |                  |
|----------|--------------------------|------------------|
| Pàirt E  | Cumhachdan an t-Saoghail | Duilleag 12      |
| Pàirt F  | Cùisean an t-Saoghail    | Duilleag 13      |
| Ceist 21 |                          | Duilleagan 14–15 |

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* S 8 7 5 7 5 1 1 \*

## ROINN 1 — DEAMOCRASaidH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharra

Feuch AN DARA CUID Pàirt A AGUS Ceist 7 NO Pàirt B AGUS Ceist 7

|         |                                       |                  |
|---------|---------------------------------------|------------------|
| Pàirt A | Deamocrasaidh ann an Alba             | Duilleagan 02–03 |
| Pàirt B | Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte | Duilleagan 04–05 |
| Ceist 7 |                                       | Duilleagan 06–07 |

## PÀIRT A — DEAMOCRASaidH ANN AN ALBA

*Ann na freagairtean agad airson Ceistean 1, 2 agus 3 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid à Alba a thoirt seachad.*

## Ceist 1

Ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba, bidh pàrtaidhean poilitigeach ag iomairt ann an ioma dòigh.

Thoir cunntas, **gu mionaideach**, air **dà** dhòigh anns am bi pàrtaidhean poilitigeach ag iomairt ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba.

4

## Ceist 2

Tha dleastanas air Pàrlamaid na h-Alba airson cùisean tiomnaichte.

Thoir cunntas, **gu mionaideach**, air **dà** chuspair tiomnaichte a tha na dhleastanas air Pàrlamaid na h-Alba.

6

Feuch AN DARA CUID Ceist 3(a) NO 3(b) air *duilleag 03*

## Feuch AN DARA CUID Ceist 3(a) NO 3(b)

## Ceist 3

(a)

Tha grunn bhuannachdan an cois Siostam Bhall a Bharrachd (AMS).

Mìnich, **gu mionaideach**, na buannachdan a tha an cois Siostam Bhall a Bharrachd (AMS).

Bu chòir dhut trì buannachdan aig a' char as àirde a thoirt seachad nad fhreagairt.

8

## NO

(b)

Faodaidh daoine ann an Alba a bhith an sàs le comann-sòisealta ann an diofar dhòighean.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a bhios daoine ann an Alba an sàs le aon de na leanas:

- Buidhnean-tagraidh
- Aonaidhean-ciùird.

Nad fhreagairt bu chòir dhut trì adhbharan aig a' char as àirde a thoirt seachad.

8

[A-nis theirig gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 06*]

## PÀIRT B - DEAMOCRASaidH ANNS AN RÌOGHACHD AONAICHTE

*Anns na freagairtean agad do Cheistean 4, 5 agus 6 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.*

## Ceist 4

Ann an Taghaidhean Coitcheann, bidh pàrtaidhean poilitigeach ag iomairt ann an diofar dhòighean.

Thoir cunntas, **gu mionaideach**, air **dà** dhòigh anns am bi pàrtaidhean poilitigeach ag iomairt ann an Taghaidhean Coitcheann.

4

## Ceist 5

Tha dleastanas air Pàrlamaid na RA airson cùisean glèidhte ann an Alba.

Thoir cunntas, **gu mionaideach**, air **dà** chuspair glèidhte a tha na dhleastanas air Pàrlamaid na RA.

6

Feuch AN DARA CUID Ceist 6(a) NO 6(b) air *duilleag 05*

## Feuch AN DARA CUID Ceist 6(a) NO 6(b)

## Ceist 6

(a)

Tha grunn eas-bhuannachdan an cois Bhòtaichean as Motha.

Mìnich, **gu mionaideach**, na h-eas-bhuannachdan a tha an cois siostam Bhòtaichean as Motha.

Bu chòir dhut trì eas-bhuannachdan aig a' char as àirde a thoirt seachad nad fhreagairt.

8

## NO

(b)

Faodaidh daoine san RA a bhith an sàs le comann-sòisealta ann an diofar dhòighean.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a bhios daoine san RA an sàs le aon de na leanas:

- Buidhnean-tagraidh
- Aonaidhean-ciùird.

Nad fhreagairt bu chòir dhut trì adhbharan aig a' char as àirde a thoirt seachad.

8

[A-nis theirig gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 06*]

## Ceist 7

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

### STÒR 1

#### Mar a tha Taigh nam Morairean air a dhèanamh an-àirde

Ann am Pàrlamaid na RA tha Taigh nan Cumantan agus Taigh nam Morairean. Anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, chaidh cuid de dh'atharrachaidhean a dhèanamh air Taigh nam Morairean. Ann an 1995, b'è morairean oighre a bh'ann an còrr is leth den fheadhainn a bha a' suidhe ann an Taigh nam Morairean (bha seo a' ciallachadh gun shealbhaich iad mar oighreachd an cathair anns na Morairean bhon athair). Tha àireamh iomlan nam Morairean air atharrachadh agus aig an àm seo tha timcheall air 790 ball ann, ach chan eil gin dhiubh sin air an taghadh gu dìreach leis an t-sluagh.

Mus tàinig 1997, bha timcheall air 36% de Thaigh nam Morairean air an cur nan dreuchd nam Morair airson fad am beatha (morair fad-bheatha). An-diugh, tha timcheall air 90% de Mhorairean nam morairean fad-bheatha. Bidh na Morairean a' toirt leotha mòran eòlais is comasan don Phàrlamaid ann an raointean lèigh-eòlais, lagh, gnìomhachais, saidheans, spòrs agus foghlaim, gun a bhith ag ainmeachadh ach beagan dhiubh sin.


Ged is ann dìreach ann an 1958 a chaidh cead a thoirt dha boireannaich a bhith a' suidhe ann an Taigh nam Morairean, b'ann air dithis mhorairean boireann, Am Bana-bharan Hayman (2006-2011) agus Am Bana-bharan D'Souza (2011-2016) a chaidh dleastanas Labhraiche nam Morairean, a chaidh a chruthachadh ann an 2006, a bhuileachadh an toiseach. Tha e na uallach air Labhraiche nam Morairean sùil a chumail air gnothaichean ann an Taigh nam Morairean. B'è Am Morair Fowler, a tha aig an àm seo na Labhraiche nam Morairean, a' chiad fear a fhuair an dreuchd ann an 2016.

Ann an Taigh nam Morairean, bho 2000, tha 36% de na buill a chaidh a chur san dreuchd airson a' chiad uair air a bhith boireann, tha 21% air a bhith bho mhion-chinnidhean agus 10% air a bhith ciorramach.

### STÒR 2

#### Coimeas eadar feartan taghta ann an Taigh nam Morairean agus àireamh-sluaigh na RA

|   | Taigh nam Morairean |      | Àireamh-sluaigh na RA |                 |
|---|---------------------|------|-----------------------|-----------------|
|   | 1995                | 2015 | 1995                  | 2015            |
| Fireann   | 93%                 | 75%  | 49%                   | 49%             |
| Boireann  | 7%                  | 25%  | 51%                   | 51%             |
| Cùl-fhiosrachadh mion-chinnidhean                 | Nas lugha na 1%     | 5%   | 6%                    | 13%             |
| % fo aois 60 bliadhna                             | 22%                 | 16%  | 81%                   | 77%             |
| Aois chuibheasach                                 | 79                  | 70   | 36                    | 40              |
| Air an oideachadh gu prìobhaideach                | 62%                 | 50%  | 7%                    | 7%              |
| Air ceumnachadh bho Oilithigh Oxford no Cambridge | 35%                 | 38%  | Nas lugha na 1%       | Nas lugha na 1% |
| Ciorramach  | 2%                  | 11%  | 12%                   | 17%             |



A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, mìnich carson a tha beachd Mòrag Watt a' leth-thaghadh na fìrinn.

Tha Thaigh nam Morairean feumach air tuilleadh ath-leasachaidh.

Beachd Mòrag Watt

Nad fhreagairt feumaidh tu:

- fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' toirt taic do bheachd Mòraig Watt agus
- fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' cur an-aghaidh beachd Mòraig Watt.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran gu lèir.

10

Feuch AN DARA CUID Pàirt C AGUS Ceist 14 NO Pàirt D AGUS Ceist 14

Pàirt C Cion cho-ionannas shòisealta Duilleag 08

Pàirt D Eucoir agus an Lagh Duilleag 09

Ceist 14 Duilleagan 10–11

### PÀIRT C — CION CHO-IONANNAS SHÒISEALTA

*Annas na freagairtean agad do Cheistean 8, 9 agus 10 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.*

#### Ceist 8

| Buidhnean a tha a' fiosrachadh cion cho-ionannas san RA |                         |            |
|---|-------------------------|------------|
| Boireannaich  | Buidhnean mion-chinnidh | Seann aois |

Tagh aon de na buidhnean gu h-àrd no **buidheann sam bith eile** air na rinn thu sgrùdadh.

Thoir cunntas, **gu mionaideach**, air **dà** dhòigh anns a bheil an Riaghaltas air feuchainn ri cion cho-ionannas a dh'fhiosraich a' bhuidheann air na rinn thu sgrùdadh, a lùghdachadh.

4

#### Ceist 9

Tha ìre dòigh-beatha nas fheàrr aig cuid de dhaoine anns an RA na tha aig cuid eile.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar airson gu bheil dòigh-beatha nas fheàrr aig cuid de dhaoine na tha aig cuid eile.

6

#### Ceist 10

Tha mòran bhuidhnean san RA a bhios a' fiosrachadh cion cho-ionannas shòisealta agus eaconamach.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar airson gu bheil aon no barrachd bhuidhnean air na rinn thu sgrùdadh a' fiosrachadh cion cho-ionannas shòisealta agus eaconamach san RA.

6

[A-nis theirig gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 10*]

## PÀIRT D — EUCOIR AGUS AN LAGH

*Annas na freagairtean agad do Cheistean 11, 12 agus 13 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.*

## Ceist 11

| Buidhnean a bhios a' cur aghaidh air eucoir san RA |            |             |
|--|------------|-------------|
| An Riaghaltas                                      | Am Poileas | Na Cùirtean |

Tagh aon de na buidhnean gu h-àrd.

Thoir cunntas, **gu mionaideach**, air dà dhòigh anns am bi a' bhuidheann a thagh thu a' feuchainn ri bhith a' cur aghaidh air eucoir san RA.

4

## Ceist 12

Tha eucoir a' toirt buaidh air cuid de dhaoine a bharrachd air cuid eile.

Mìnich, **gu mionaideach**, dà adhbhar airson gu bheil eucoir a' toirt buaidh air cuid de dhaoine a bharrachd air cuid eile.

6

## Ceist 13

Tha mòran de chùisean a bhios ag adhbhrachadh eucoir san RA.

Mìnich, **gu mionaideach**, dà chùis a bhios ag adhbhrachadh eucoir san RA.

6

[A-nis theirig gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 10*]

## Ceist 14

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

Tha thu nad chomhairliche aig an riaghaltas. Chaidh iarraidh ort moladh am bu chòir no nach bu chòir Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte casg a chur air “Legal Highs”.

**Roghainn 1**  
Cuir casg air “Legal Highs”

**Roghainn 2**  
Na cuir casg air “Legal Highs”

### STÒR 1



#### Faidhle-fiosrachaidh “Legal Highs”

Tha Riaghaltas na RA an-dràsta a' sgrùdadh reachdas a ghabhas smachd air reic agus cleachdadh “legal highs”. Ann an “legal high” tha aon no barrachd stuthan ceimigeach a dh'adhbhraicheas buaidh a tha coltach ri drogaichean mì-laghail, leithid cocain, cainb agus ecstasy. Tha na drogaichean sin air an cleachdadh gu tric ann an stuthan cunbhalach dachaigheil agus gu tric cuirear bileag orra “chan ann airson an caitheamh le daoine”. Bithear a' coimhead air “Legal highs” gu tric mar “dhrogaichean dealbhaiche” agus tha iad furasta an ceannach agus an reic air-loidhne.


- An-dràsta chan eil “Legal highs” a' tighinn fo smachd Achd Ana-cleachdadh Dhrogaichean, 1971.
- Tha cuid de dhùthchannan san AE mu thràth air reachdas a chur air adhart airson smachd a chumail air ceannach is reic “legal highs”.
- Chaidh iomairt mhòr a chur air chois an-aghaidh an reachdais ri mholadh leis gun robh nitrous oxide air a ghabhail a-steach, stuth ris an canar “laughing gas”, anns a' bhile. Bithear a' cleachdadh nitrous oxide gu cunbhalach mar an-fhaireachdair ann an obair fhiaclaicheachd, breith-chloinne agus mar chuideachadh an-aghaidh trom-inntinn.
- Thathas air a bhith a' dèanamh ceangal eadar “Legal highs” agus na tha gan toirt don ospadal airson rudan mar puinnseanachadh, cùisean slàinte na h-inntinn, agus eadhon bàs anns an t-suidheachadh as miosa.
- A dh'aindeoin na tha a' nochdadh anns na meadhanan, tha timcheall air leth de dhaoine òga nach do dh'fheuch “legal highs” a-riamh.
- Tha an riaghaltas a' beachdachadh air bile a nì reic “stuthan saidhg-ghnìomhach” a bharrachd air alcol, caifein agus niceotain, mì-laghail.
- Chan eil ach glè bheag ma tha dad idir de sgrùdadh air a dhèanamh air a' bhuaidh fad-ùine no geàrr-ùine a tha co-cheangailte ri bhith a' gabhail “legal highs”.
- Is ann san RA a tha an duilgheadas as miosa le “legal highs” air Taobh Siar na h-Eòrpa, agus àireamhan mòra de dhaoine òga ag aideachadh gu bheil iad a' gabhail “legal highs” gu cunbhalach.
- Bidh mòran de dh'èolaichean slàinte ag agairt nach cuir casg air “legal highs” bacadh air daoine òga a bhith gan gabhail; gum biodh e na b'fheàrr a bhith ag oideachadh dhaoine mu cho cunnartach 's a tha na stuthan sin.
- Anns an reachdas a tha ri mholadh, bhiodh e ceadaichte fon lagh sealbh a ghabhail air an stuth fhad 's nach biodh rùn sam bith ann a sholarachadh. Dh'fhaodadh am bile a bhith a' ciallachadh gum faigh daoine a bheir seachad dhrogaichean do dhaoine eile suas ri seachd bliadhna sa phrìosan.

### STÒR 2

#### Sgrùdadh air feadhainn 16–25 bliadhna a thaobh “legal highs”



## STÒR 2 (a' leantainn)



SOURCE 3

**Beachdan**

Tha e gu math duilich smachd agus sùil a chumail air “legal highs”. Tha reachdas gnàthaichte a’ ciallachadh gum bithear a’ tighinn gu co-dhùnaidhean a thaobh cead reic airson stuth sam bith a rèir suidheachadh gach cùis. Gu tric bithear a’ cruthachadh chruthan ùra agus gan reic cho luath ‘s bhios e comasach don riaghaltas casg a chur orra. Mar sin tha e duilich a bhith cumail sùil agus smachd laghail orra.

Chan eil plana an riaghaltais a thaobh casg iomlan air “legal highs” dèantanach agus chan eil a h-uile duine ag aontachadh ris. Chuir riaghaltas na h-Èireann casg air “legal highs” às dèidh grunn bhàsan a bha ceangailte riutha; ach cha do lùghdaich seo bàsan agus mar sin cha do shoirbhich leis.

**Anna Drummond, Obraiche Òigridh**

Tha mi a’ caitheamh barrachd den ùine agam mar neach-eiridinn a’ dèiligeadh ri toraidhean “legal highs”. Bidh ana-cleachdadh nan drogaichean sin a’ toirt ar n-aire air falbh bho chùisean a tha fada nas cudromaiche.

Tha barrachd is barrachd iarrtais air “legal highs” gu sònraichte am measg dhaoine òga a tha den bheachd gu bheil “laghail” a’ ciallachadh “sàbhailte”. Tha daoine òga air fàs tòrr nas mothachaile air na cunnartan slàinte a tha an lùib dhrogaichean mì-laghail agus chì sinn nas lugha de dhaoine òga a tha air an glacadh le drogaichean leithid heroin. Ach, chan eil daoine òga mothachail air na cunnartan a tha an lùib “legal highs”.

**Mandeep Khan, Neach-eiridinn**

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a tha thu a’ moladh, an dara cuid casg a chur air “Legal Highs” (Roghainn 1) no gun casg a chur air “Legal Highs” (Roghainn 2).

- (i) A’ cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, dè an roghainn a thaghadh tu?
- (ii) Thoir seachad adhbharan gus taic a thoirt don roghainn agad.
- (iii) Mìnich carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran gu lèir.

10

Feuch AN DARA CUID Pàirt E AGUS Ceist 21 NO Pàirt F AGUS Ceist 21

|          |                          |                  |
|----------|--------------------------|------------------|
| Pàirt E  | Cumhachdan an t-Saoghail | Duilleag 12      |
| Pàirt F  | Cùisean an t-Saoghail    | Duilleag 13      |
| Ceist 21 |                          | Duilleagan 14–15 |

### PÀIRT E — CUMHACHDAN AN T-SAOGHAIL

*Anns na freagairtean agad airson Ceistean 15, 16 agus 17 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt seachad bho chumhachd an t-saoghail air an do rinn thu sgrùdadh.*

#### Ceist 15

Tha Riaghaltasan air ioma oidhirp a dhèanamh airson a dhol an sàs ann an cion cho-ionannas shòisealta agus eaconamach.

Thoir cunntas, **gu mionaideach**, air dà dhòigh anns an deach an riaghaltas an sàs ann an cion cho-ionannas shòisealta agus eaconamach.

Nad fhreagairt feumaidh tu iomradh a thoirt air a' chumhachd san t-saoghail air na rinn thu sgrùdadh.

4

#### Ceist 16

Tha còraichean poilitigeach aig gach saoranach a tha ann an cumhachd an t-saoghail.

Thoir cunntas, **gu mionaideach**, air dà chòir phoilitigeach a tha aig saoranaich anns a' chumhachd an t-saoghail air na rinn thu sgrùdadh.

Nad fhreagairt feumaidh tu iomradh a thoirt air a' chumhachd san t-saoghail air na rinn thu sgrùdadh.

6

#### Ceist 17

Tha comas aig cumhachdan an t-saoghail buaidh a thoirt air dùthchannan eile.

Mìnich, **gu mionaideach**, dà adhbhar airson gu bheil e comasach don chumhachd san t-saoghail air na rinn thu sgrùdadh buaidh a thoirt air dùthchannan eile.

Nad fhreagairt feumaidh tu iomradh a thoirt air a' chumhachd san t-saoghail air na rinn thu sgrùdadh.

6

[A-nis theirig gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 14*]

## PÀIRT F — CÙISEAN AN T-SAOGHAIL

*Annas na freagairtean agad airson Ceistean 18, 19 agus 20 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt seachad bho chùis san t-saoghail air na rinn thu sgrùdadh.*

## Ceist 18

| Buidhnean eadar-nàiseanta a tha a' feuchainn ri fuasgladh fhaighinn air cùisean agus duilgheadasan eadar-nàiseanta |                        |                              |
|--|------------------------|------------------------------|
| Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte  | NATO                   | Banca na Cruinne             |
| An t-Aonadh Eòrpach  | An t-Aonadh Afraganach | Carthannasan agus NGO n eile |

Thoir cunntas, **gu mionaideach**, air dà dhòigh anns na dh'fheuch buidhnean eadar-nàiseanta ri fuasgladh fhaighinn air cùis no còmhstri eadar-nàiseanta air na rinn thu sgrùdadh.

Nad fhreagairt feumaidh tu iomradh a thoirt air a' chùis no a' chòmhstri san t-saoghail air na rinn thu sgrùdadh.

4

## Ceist 19

Tha còmhstrithean agus cùisean eadar-nàiseanta a' toirt buaidh air daoine ann an iomadh dòigh eadar-dhealaichte.

Thoir cunntas, **gu mionaideach**, air dà dhòigh anns an tug còmhstri no cùis eadar-nàiseanta air na rinn thu sgrùdadh buaidh air daoine.

Nad fhreagairt feumaidh tu iomradh a thoirt air a' chùis no a' chòmhstri san t-saoghail air na rinn thu sgrùdadh.

6

## Ceist 20

Aig amannan chan eil na h-oidhirpean a bhios buidhnean eadar-nàiseanta a' dèanamh gus a dhol an sàs ann an còmhstrithean agus cùisean soirbheachail.

Mìnich, **gu mionaideach**, dà adhbhar airson gu bheil buidhnean eadar-nàiseanta an dara cuid air a bhith soirbheachail no neo-shoirbheachail ann a bhith a' dol an sàs ann an còmhstri no cùis eadar-nàiseanta air na rinn thu sgrùdadh.

Nad fhreagairt feumaidh tu iomradh a thoirt air a' chùis no a' chòmhstri san t-saoghail air na rinn thu sgrùdadh.

6

[A-nis theirig gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 14*]

## Ceist 21

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

### STÒR 1

#### Duilgheadasan a bha mu choinneamh lapan ann an 2015

Tha mòran dhaoine den bheachd gu bheil lapan ann an èiginn. Tha na duilgheadasan aice a' gabhail a-steach eaconamaidh a tha lag agus structair àireamh-sluaigh a tha a' grad-atharrachadh. Tha gach nì sin nan duilgheadasan fàd-ùine a tha a' toirt buaidh air dòigh-beatha muinntir lapan.

Bhon èiginn eaconamach a bha na bhuille don t-saoghail ann an 2008, tha tuarastalan ìseal air a bhith na dhuilgheadas. Thathas a' dèanamh a-mach gu bheil 16% de shluagh lapan beò ann am bochdainn. Thuit an teachd a-steach cuibheasach bho 37,185 dolairean SA ann an 2008 gu 34,822 dolair SA ann an 2011.

A-nis tha an treas cuid de bhoireannaich aig aois obrach beò ann am bochdainn. Tha 12 millean boireannach ann an lapan ag obair ach tha còrr air leth dhiubh ann an obraichean pàirt-ùine, le tuarastalan ìseal. Bidh obair pàirt-ùine na chuideachadh dhaibhsan le teaghlachan agus clann aig aois sgoile ach bha droch bhuaidh aig an seo oir chan eil e comasach dhaibh mòran airgead a shàbhaladh agus tha sin na phrìomh dhragh do bhoireannaich lapan.


Mar thoradh air barrachd bochdainn agus structair àireamh-shluaigh eadar-dhealaichte bidh peinneanan seann-aoise agus cùram seann-aoise gu math daor san àm ri teachd. Mus tig meadhan na linne seo bidh còrr air an treas cuid den t-sluaigh a' togail an cuid pheinnean seann-aoise.

A dh'aindeoin 's na duilgheadasan a tha aig lapan nua-aimsireil, tha mòran de dhaoine a' comharrachadh nan neartan a tha aice. Bha 22 eucoir ann airson gach 1,000 neach ann an 2014. Tha i fhathast mar an treas eaconamaidh as motha san t-saoghal far a bheil cuid de dhaoine fhathast a' mealtainn dòigh-beatha aig àrd-ìre.

### STÒR 2

| Staitistigs a bharrachd – Dùthchannan Taghta |                             |                           |                         |                                     |
|--|-----------------------------|---------------------------|-------------------------|-------------------------------------|
|  | Daoine ann am bochdainn (%) | Eucoirean gach 1000 neach | Sealbh air dachaigh (%) | Cothrom air an eadar-lìon gach 1000 |
| A' Ghearmailt                                | 15                          | 79                        | 44                      | 841                                 |
| Argentina                                    | 30                          | 36                        | 67                      | 599                                 |
| Coirèa a Deas                                | 16.5                        | 32                        | 54                      | 865                                 |
| An Eadailt                                   | 19.6                        | 39                        | 74                      | 585                                 |
| An Fhraing                                   | 8                           | 61                        | 64                      | 819                                 |
| An t-Aonadh Eòrpach                          | 8                           | 80                        | 71                      | 848                                 |

## STÒR 2 (a' leantainn)



COMHARRAN

## STÒR 3

### Sgrùdadh Clàr-amais Beatha nas Fheàrr

A rèir a' Chlàr-amais Beatha nas Fheàrr, chan eil saoranaich ann an Iapan gu tur toilichte.

Tha ìre sunnd cuibheasach de 4.67 (a-mach à 10) aig boireannaich Iapan ach tha ìre cuibheasach de 6.21 aig fireannaich Iapan. Ach, chan eil sunnd idir co-ionann am measg boireannaich air fad. Tha ìre sunnd de 3.2 aig boireannaich aig aois obrach ach tha ìre de 5.5 aig an fheadhainn a tha 70-74 bliadhna.

Tha Iapan moiteil gu bheil aon de na dùilean-beatha as àirde san t-saoghal de 83 bliadhna aca. San àm ri teachd dh'fhaodadh gum bi seo duilich a chumail suas mar a bhios an co-chuid den t-sluagh a tha a' pàigheadh chìsean a' tuiteam.

Tha an dùthaich a' leantainn oirre le bhith aig fìor thoiseach a' ghnìomhachais dhealanaich a tha a' toirt cosnadh do mhòran dhaoine. À gach 1000 neach ann an Iapan, tha cothrom aig 865 air an eadar-lìon. Tha dìreach trì chairteal de mhuinntir Iapan ag ràdh gu bheil iad sàsaichte len dachaigh. Tha sealbh aig 61% de mhuinntir Iapan air an dachaigh aca fhèin ach tha taigheadas air fàs mòran nas daoire dha daoine òga seach gu bheil barrachd is barrachd seann dhaoine ann.

A' cleachdadh Stòran 1, 2, agus 3, dè na **co-dhùnidhean** as urrainn dhut a dhèanamh?

Bu chòir dhut tighinn gu co-dhùnadh mu gach aon de na leanas:

- An duilgheadas le eucoir ann an Iapan ann an coimeas ri dùthchannan eile.
- A' bhuaidh a tha aig an atharrachadh ann an structair na h-àireimh-sluaigh ann an Iapan.
- A' bhuaidh a tha aig bochdainn air boireannaich aig aois obrach.
- An dùthaich as coltaiche ri Iapan.

Feumaidh tu taic a thoirt do na co-dhùnidhean agad le fianais bho na stòran. Bu chòir dhut ceangal a dhèanamh eadar fiosrachadh taobh a-staigh agus eadar nan stòran gu taic a thoirt do na co-dhùnidhean agad.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran gu lèir.

10

[CRÌOCH A' PHÀIPEAR EISIMPLEIR]

*Acknowledgement of copyright*

Roinn 3 Pàirt F Ceist 21 Stòr 3 – Information on Japan is adapted from  
[www.oecdbetterlifeindex.org](http://www.oecdbetterlifeindex.org). © OECD.

**Published:** June 2025

**Change since last published:**

Duration extended.